

## **Ceistean**

### **Tàladh Na Mara**

1 Dè an rud a lorg Ruth san lobht?

### **Aiseag**

2 Dè an dreachd a bha aig Màiri Nic a' Phearsain mus do ghluais i air ais dhan eilean?

3 Dè an cleas a chleachdadh Màiri gus i fhèin a shocrachadh nuair a bhiodh i fo uallach?

### **Meur-loidhne Na Beatha**

4 Dè am prògram lorg-phoilis a b' fheàrr le Jenny Chaimbeul?

5 Gu dè an sgìre ann an Glaschu a ghluais Dòmhnall is Cloe às dèidh dhaibh imprig bhon chlobhsa?

### **Saor-thoil**

6 Càite an do thachair Jen is Rupert ri chèile an toiseach?

7 Dè an tiotal a bha air an leabhar a sgrìobh an Dotair Rupert Howel?

### **Fois-làrach: Sgeul Gaoil**

8 Dè an dùthaich anns an robh am pìos fearainn a cheannaich Dùghall?

9 Dè an t-seanail rèidio ris an èisteadh Seumas?

### **Saighdear an Fhortain**

10 Dè an dùthaich anns an robh Suzy, an nighean aig a' phrìomh character, a' fuireach?

11 Dè bha a' chailleach san iodhlann ris nuair a thug i sùil air a' phrìomh character?

### **Linne Dhomhain**

12 Dè a b' adhbhar don turas aig Calum MacAlastair dhan Eilean a rèir a' mhìneachaidh a thug e seachad dhan tasglannaiche?

13 Dè bha an tè-fhrithéalaidh ris nuair a nochd Calum anns an taigh bìdh Eadailteach?

### **A' Bhetsy Mae**

14 Dè na pìosan mu dheireadh dhen Betsy Mae a chìte air a' chladach mus do dh'fhalbh iad leis a' mhuir?

### **Am Fìdhlear Taibhse**

- 15 Dè an cuspair a bha aig Ruaraidh is an tuathanach, is iad ri seanachas aig Cèilidh Fèill an Àiteachais?
- 16 Dè dh'fhidir am prìomh character air cùl amhaich aig àm a dhealachaidh ris an fhìdhlear taibhse?

### **Eilean Bhòid**

- 17 Càite an rachadh Sirius nuair a bhiodh fois a dhìth air?
- 18 Dè seòrsa bìdh ris an do shamhlaich Sirius a bheatha?

### **Sios Gu Tuatha**

- 19 Dè am baile air a' Ghàidhealtachd dom buineadh Findlay MacGillvary?
20. Dè an rud nach tug Bob do Findlay is iad a' cur eòlas air a' Mhaighdeann?

### **Sitheanan**

- 21 Dè am baile dom buineadh Hector is dhan deach càch air splaoid air oidhche na Nollaige?
- 22 Dè an rud a thabhainn bodach a' bhothain air an aoigh aige?